

24 agus 25/11/20

Zoom

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd:	Ailean Dòmhnullach (sa Chathair)	Marion Nic na Ceàrdaich
	Donaidh MacAmhlaidh	Ceit Anna NicLeòid
	Iain Stephen Moireasdan	Iain Mac a' Mhaoilein
	Lisa Annette	Rhoda NicDhòmhnaill
	Màiri Kidd	

Luchd-obrach: Dòmhnull Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)

Iseabail Nic an t-Sagairt [IMT] (Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachdan)

Niall M Greumach [NMG] (Stiùiriche Ionmhais)

Donaidh Dòmhnullach [DMD] (Manaidsear Gníomhachais)

Ealasaid Dhòmhnullach [ED] (Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh)

Mairi Anna NicAonghais (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

An làthair: Simon Pitts, Ceannard STV - air 25/11/20 @ 1000

Uisdean MacLeòid [UM] (Manaidsear Obrachaidh (Teicneòlas) - airson puing 16

Fhuair buill taisbeanadh làrach-lìn ùr na buidhne bhon Manaidsear Conaltraidh. Le dùil gun tèid an làrach beò aig deireadh 2020/toiseachd 2021, chuir buill fàilte air.

**1. Leisgeulan**

1.1 Cha robh gin.

**2. Gnothach dearbhte**

2.1 Cha robh gin.

**3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh**

a) 22/9/20 – molaichte le Donaidh MacAmhlaidh agus daingnichte le Màiri Kidd.

b) Gnothaichean ag èirigh

3.1 **Co-dhùnadh:** Comharrachte.

- 3.2 **Gníomhan:** thèid cuireadh a thoirt do Chathraiche Chomataidh Inbhean a bhith an lathair aig an ath coinneamh de Bhòrd na Co-bhanntachd. (**MAMI**)

**4. Aithrisean**

- a) Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh Geàrr-chunntas (3/11/20)
  - b) Comataidh Inbhean Geàrr-chunntas (4/11/20)
- 4.1 **Co-dhùnadh:** ghabh buill fanear don phàipear.

**5. Aithisg an Àrd-Oifigeir agus Sgioba Àrd-stiùiridh (a' gabhail a-steach dèanadas/Dashboard)**

*Aithisg an Àrd-Oifigeir*

- 5.1 Bha aithisg air beulaibh bhall agus bhruidhinn DC mu dheidhinn/ B' iad na prìomh phuingean deasbaid:
- 5.2 Chaith aithne a dhèanamh gu bheil BBC ALBA agus LearnGaelic a' dèanamh cho math.
- 5.3 Thathas air preantas ceumnaiche agus preantas ùr-nòsach fhastadh agus tha e taitneach faicinn gu bheil Mactv air oifigear leasachaидh fhastadh.
- 5.4 Còmhraidhean gan cumail le S4C agus TG4. Le na buidhnean sin cuideachd ag ullachadh ro-innleachdan, thathas a' co-raoin smuaintean, ag obrachadh còmhla le càirdeas mhath a' gluasad air adhart.
- 5.5 Fhuaireas cuireadh bho Riaghaltas na h-Alba a bhith an làthair aig seisean còmhla ri John Swinney air 17/12/20 gus gluasad gu gnòmh airson taic a chumail ri Gàidhlig a leasachadh ann an coimhairsnachdan.
- 5.6 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.

*Aithisg an Stiùiriche Ionmhais*

- 5.7 Tha an Tabhartas a chaidh a tharraing sìos bho Riaghaltas na h-Alba airson na 6 mìosan a rèir a' Phlana Obrachaidh. Leis na suimean de chothromachadh banca a chaidh a ghiùlan, chaidh an tarraig air ais seo aontachadh leis an seirbheisich chatharra aig an Riaghaltas agus, eadhon le riochdachaidhean agus pàighidhean air an cur dheth, tha ar ro-innleachd a' dùileachadh làn chaitheimh den tabhartas ro dheireadh na bliadhna. Gheibhear an £500k a bharrachd airson SpeakGaelic bhon Riaghaltas san Dùblachd.
- 5.8 Chaidh na h-ath-riarachadh buidseit a chaidh aontachadh aig coinneamh bùird na Sultaine a thoirt seachad gu mionaidreach don dà chuid Riaghaltas na h-Alba agus Ofcom.
- 5.9 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.

*Aithisg an Stiùiriche Susbaint loma-ùrlair*

- 5.10 Bha aithisg air beulaibh bhall agus bhruidhinn IMT mu dheidhinn. B' iad na prìomh phuingean deasbaid:
- 5.11 Tha coimiseanadh a' dol air SpeakGaelic, Pasgain 2021-24 agus air Cuairt Geamhraidh (a chaidh a chumail nas tràithe).
- 5.12 Chaidh ceist a chuir nuair a bha an obair deiseil le coimiseanadh nam pasgan am bi seo a' tighinn air beulaibh a' bhùird. Chaidh innse gum bi aithris air gnìomhan (activity) air beulaibh Comataidh Shusbaint, Sgilean agus Dhàimhean sa Ghearan agus an uair sin bidh na molaidhean air beulaibh a' bhùird sa Mhàirt 2021, le clàr-ama cùmhnantan a thabhan ro dhereachd a' Mhàirt agus a' tùiseachadh aig toiseachd an luchair 2021.
- 5.13 Chaidh a chomharrachadh, mar thoradh air èiginn Covid-19, chaidh obair TNS a chuir dheth eadar 18 Màrt agus deireadh a' Chèitein. Mar thoradh, chan eil dàta ann airson Giblean no Cèitean agus bhon uair sin 's e rannsachadh air-loidhne a th' air a bhith ann. Às dèidh toraidhean ris nach robh dùil thathas air a bhith a' sgrùdadadh an dàta tuilleadh leis an amas cunbalachd a thoirt seachad leis an dòigh-obrach a bh' ann roimhe. Thathas air leantainn air adhart leis a' mhodh-obrach air-loidhne a tha an-dràsta mar an aon roghainn eile as urrainn dha Kantar a thoirt seachad. Chan eileas ag aithris an dàta fhad 's a tha sgrùdadadh ga dhèanamh air an eadar-dhealachadh leis an dòigh-obrach a bh' ann roimhe.
- 5.14 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.
- 5.15 **Gníomhan:** thig na pasgan air beulaibh Comataidh Shusbaint, Sgilean agus Dhàimhean sa Ghearran agus air beulaibh a' bhùird sa Mhàirt. ([IMT](#))

*Aithisg an Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Thaoibh a-muigh*

- 5.16 Bha aithisg air beulaibh bhall agus bhruidhinn ED mu dheidhinn.
- 5.17 Chaidh a chomharrachadh am biodh e feumail dàimhean a thogail leothasan a tha a' brosnachadh Gàidhlig ann an Eilean Mhanainn.
- 5.18 Ann an co-theacs a Aithisg Comataidh Chultar Riaghaltas na h-Alba (29/10/20) a bha air beulaibh bhall, chaidh a chomharrachadh gur e briseadh dùil a bh' ann freagairt a' BhBC fhaicinn a thaobh BBC ALBA a chuir air HD.
- 5.19 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.

*Dashboard*

- 5.20 Bha na prìomh 10 KPIs air beulaibh bhall agus bhruidhinn DMD mu dheidhinn.

- 5.21 Chaidh an trioblaid mu bhith a' faighinn àireamhan an luchd-amhairc nàiseanta a chomharrachadh, le dòchas gum bi seo air a rèiteachadh airson na h-ath chairteil.
- 5.22 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte gu robh gnothaichean a' coimhead gu math fallainn letheach slighe tron bhliadhna.

#### Aithisgean ràitheil - Ionmhas; Air-loidhne; BBC ALBA; KPIs

- 5.23 **Co-dhùnadh:** Comharrachte.

#### 6. Covid-19: aithisg agus planadh an t-slighe a-mach

- 6.1 Bha pàipear air bhall agus bhruidhinn DMD mu dheidhinn.
- 6.2 Tha Sgioba Leantanneach Gnothaich MG ALBA a' cumail sùil mionaideach air cuisean a thaobh Covid-19 agus a' cur ri planaichean na buidhne a rèir stiùireadh bhon Riaghaltas agus gluasad an anns an t-suidheachadh le Covid.
- 6.3 Tha planaichean stèidhichte airson tilleadh air ais gu uidheachadh àbhaisteach nuair a bhios sin ceadaichte ach thathas a' gabhail slighe cùramach agus socair airson slainte agus sàbhailteachd an luchd-obrach a dhòn. Tha gach neach-obrach aig MG ALBA fhathast saor bhon Choròna-bhìoras. Tha cùisean fhathast a' dol glè math le obair bhon taigh agus tha sinn air buaidh sam bith a chumail aig ìre ìseal. Tha e soilleir gu bheil an t-suidheachadh le Covid gu bhith maireannach agus thathas a' cur fòcas air planadh meadhan-ùine/fad-ùine. Chaidh innse don luchd-obrach gum bu chòrr planadh airson obair bhon dachaigh gu deireadh a' Mhàirt 2021.
- 6.4 A' leantainn air an suirbhidh luchd-obrach a chaidh a dhèanamh as t-samhradh thèid suirbhidh a bharrachd a chur air dòigh san t-Samhain airson beachdan a thrusadh bhon luchd-obrach air slainte & sunnd inntinneil, dùblain, draghan agus beachdan san fharsaingeachd co-cheangailte ri uidheachadh Covid.
- 6.5 Tha an luchd-obrach air deuchainnean àitichean-obrach a dhèanamh leis a' Mhànidsear IT airson measadh a bheil àite-obrach gach neach cofhurtail agus freagarrach airson an obair. Chaidh dèanamh cinnteach gu robh uidheamachd, àirneis agus teicneòlas iomchaidh aig gach neach.
- 6.6 Tha an siostam airson àireamhan ìosal de luchd-obrach a bhith san oifis ag obair gu math. Chaidh beagan sùbailteachd a chur ris an siostam airson sgiobaidhean teicnigeach & phrògraman airson pìosan de dh' obair sònraichte a dhèanamh bhon Samhain ach chaidh seo a chumail teann ri linn an t-suidheachadh le lockdown san fharsaingeachd.

- 6.7 Tha program trèanaidh mhanaidsearan loidhne air tòiseachadh gus cuideachadh le bhith a' taiceachadh an luchd-obrach. Airson 14 seachdainean bidh an trèanadh seo a' leantainn agus am measg na cuspairean air a' chlàr tha slainte-inntinn san obair, conaltradh èifeachdail agus sgiobaidean soirbheachail.
- 6.8 Tha riochdachadh a' leantainn agus ged a tha an t-suidheachadh dùbhlach na riochdairean air dòighean a' lorg airson losgadh phrògraman a chumail a-dol.
- 6.9 Tha clàr na Nollaig agus a Bhliadh'n Ùire a' coimhead fallain agus tha na programan a' tighinn a-steach mar a bhathas an dùil. A' coimhead air adhart, tha planaichean air dòigh airson na prògraman Drama & Drama Chloinne nach deach a losgadh thairis air an t-samhraidh a dhèanamh as t-earrach.
- 6.10 Gu ruige seo tha riochdachadh phrograman air a bhith ceadaichte fiù 's troimhe na diofar lockdowns a th' againn an dràsta chionns gu bheil a ghnìomhachas a' cleachdad measadh riosgan neartmhor agus riaghailtean teann airson gach pìos filmeadh.
- 6.11 Thathas a' cumail sùil air buidseatan agus ag atharrachadh bhuidseatan ri linn fo-chosgaisean far a bheil sin iomchaidh. Airson fo-chosgaisean a sheachnadh ann an roinn phrògraman chaidh cuairt coimiseanaidh a thoirt air adhart.
- 6.12 Tha an Stiùiriche Ionmhais air ath-bhudseatadh a dhèanamh airson 2020-21 agus chaidh seo aontachadh aig a' choinneamh mu dheireadh.
- 6.13 **Co-dhùnadh:** comharrachte agus chaidh taing a' bhùird a thoirt seachad airson an obair mhath a tha a' gabhail àite le dòchas gun tig piseach air an t-suidheachadh rè ùine.

## 7. Clàr Riosgan

- 7.1 Bha pàipear agus clàr nan riosgan air beulaibh bhall agus bhruidhinn DMD mu dheidhinn.
- 7.2 Covid-19 - tha seo a' leantainn mar am prìomh riosg a thathas a' làimhseachadh. Tha cuisean a' dol gu math bho sheadh leantainneach gnothaich agus thathas air buaidh Covid-19 a chumail aig ire ìseal.
- 7.3 Plana luchd-ùidhe (Riosg #11) - thathas a' leasachadh Plana luchd-ùidhe agus bha paipear fa leth an cois fo phuing 11.
- 7.4 BBC ALBA (Riosg #12) - a thaobh ro-innleachd Susbaint loma-Ùrlair thathas ag aithneachadh gu bheil dùbhlain ann a thaobh 'discoverability' airson stuthan BBC ALBA agus bidh sinn a' cur mòr-chudrom air gnìomhan airson seo a leasachadh.
- 7.5 Còmhraidean Ro-innleachdail (Riosg #14) - chaidh bùth-obrach air-loidhne a chumail air 29/10/2020 eadar Peter Peacock agus Buill a' Bhùird, le taic bhon Sgioba Ard-Stiùridh, agus

bha deasbad feumail ann le puinean agus beachdan cudromach ag èirigh airson cuideachadh leis an t-slighe air adhart.

- 7.6 Maoineachadh (Riosg #17) - tha an suim airgid a bhathas gu ruige seo air a chomharrachadh mar “pressure funding” a-nis mar phàirt den *core grant* bho 2020/21. Chan eil daingneachadh ann fhathast de an ìre aig am bi core grant airson 2021/22 ach thathas a' planadh airson £12.8M, agus £500k airson pròiseact SpeakGaelic.
- 7.7 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.
- 7.8 **Gníomhan:** thèid briathran ann an Riosg #17 atharrachadh ùrachadh. ([DMD](#))

## 8. Lèirsinn 2026

- 8.1 Bha dreachd Lèirsinn agus dreachd Teachdaireachd a' Chathraiche airson an Lèirsinn air beulaibh bhall. Bha pàipear a' mìneachadh na leanas.
- 8.2 Tha an Lèirsinn a' sealltainn na tha MG ALBA airson a choileanadh anns an ùine 5-bliadhna 2021-2026. Tha e a' mìneachadh prìomhachasan MG ALBA agus a' sealltainn carson a thathas den bheachd gur iad sin na raointean air am bu chòir fòcas a bhith. Tha e cuideachd a' toirt cunntas air ar mòr-mhiann, a tha na bhunait don phlana chorporra againn. Bidh iad uile ag obair còmhla gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' lorg ar prìomh amasan.
- 8.3 Tha an Lèirsinn a' comharrachadh nam prìomh phrionnsabhal a tha a' stiùireadh ar n-obair agus bheir e cothrom na prìomh theachdaireachdan a chomharrachadh agus cuimseachadh gu h-iomchaidh.
- 8.4 Feumar an Lèirsinn a leughadh ann an co-theacsa a' Phlana Corporra ioma-bhliadhna fhoirmeil aig MG ALBA - tha Lèirsinn 2026 a' dealbhachadh ceann-uidhe airson nam meadhanan Gàidhlig airson 2026 (5 bliadhna), agus carson a tha sin riatanach agus tha am Plana Corporra 2021-24 ag innse dè tha sinn a' dol a dhèanamh airson na ciad 3 bliadhna den t-slighe sin, agus ciamar.
- 8.5 Bhruiddhinn an Cathraiche air na bha san dreachd Lèirsinn agus mun dreachd Teachdaireachd a' Chathraiche.
- 8.6 Chaith deasbad fhada a chumail a bha cuideachd a' còmhdachadh puing 9 (Plana Corporra), far an do chomharraich an Cathraiche agus buill riatanas a bhith soilleir:
- mu cò iad na daoine agus na buidhnean a chuireas taic ri amas airson fàs nam Meadhanan Gàidhlig, agus dè dh'fheumas tachairt gus sin a bhrosnachadh;
  - mun cheangal eadar an t-in-ionmhas a bhathas a' sireadh agus ciamar a leanadh sin gu na toraidhean a bhathas a' sireadh;

- mun obair agus na gnìomhan agus na com-pàirtichean a bha a dhìth airson in-ionmhas a chosnad;

8.7 Bha buill riaraichte gu robh dreach Teachdaireachd a' Chathraiche agus an dreach Lèirsinn a' greimeachadh air na prìomh phuingean ach gu robh feum air teannachadh agus a dhèanamh nas geur a thaobh cò air a thathas ag amas ciamar a thèid sin a chosnad.

8.8 An luib na nithean a chaidh a thogail bha:

- cuideam a chur air ciamar a chuidicheas seo le cleachdad na Gàidhlig sna coimhairsnachdan;
- na dùblain a th' ann ri linn gainnead airgid agus dìth seirbheis HD air telebhisean;
- an suim a bu chòir ainmeachadh a bha dhìth gus seirbheis choileanta a lìbhrigeadh, agus carson an suim sin;
- an ròl aig Riaghaltas na h-Alba, ma bha idir, ann an còmhraidhean mun mhaoin a bha am BBC a' cur mu choinneimh na co-bhanntachd le MG ALBA;
- gu robh na Meadhanan Gàidhlig comasach air mòran a cheadachadh tro chom-pàirteachas;
- fòcas a chur air na meadhanan sòisealta, gu h-àraighe airson daoine òga, agus a ràdh ciamar a bha na molaidhean againn gu bhith gu buannachd na 15,000 neach a tha a' dol tro fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig;
- an fheum airson tuigsinn miann òigridh na Gàidhlig tro rannsachadh;
- an fheum airson am BBC, na Riaghaltasan agus a' choimhairsnachd Ghàidhlig a thoirt a-steach air còmhraidhean;
- fòcas air gniomhachas – na thathas airson a choileanadh a thaobh buaidh eacnamaich, sgilean, sgaoileadh chothroman, fosgailteachd do dhaoine an àite sam bith gus am bi iad a' faireachdainn buannachd bho sheilbheach MG ALBA;
- fòcas air leasachadh chultarail;
- aithne gu feumadh in-ionmhas tighinn bho dhiofar thobraichean;
- an tuilleadh a ràdh mu chom-pàirtichean – gum biodh e feumail a bhith soilleir mu ciamar a b' urrain an sònrrachas aig gach com-pàirtiche a chur gu obair taobh ri taobh le sònrrachas MG ALBA;
- gum biodh e feumail sealadh ri earrann a bhiodh ag innse ciamar a dheigheadh in-ionmhas ùr a chosg ann a co-theacs a chom-pàirteachasan.

8.9 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte ris an dreachd Lèirsinn ach gu robh feum air teannachadh agus a dhèanamh nas geur. Ged nach deach coimhead air gu foirmeil, bha an aon cho-dhùnadh ann mun Phlana Chorporra.

- 8.10 **Gníomhan:** 1) thèid tionndadh às ùr a chuaireachadh air buill an ùine nach bi fad; 2) thèid a cho-roinn leis a' BhBC agus Riaghaltas na h-Alba agus luchd-ùidhe iomchaidh eile; 3) thèid tionndadh deireannach aontachadh leis a' Bhòrd, ro mheadhan a' Ghearrain 2021, le coinneamh an-àbhaisteach no tro phròiseas sgrìobhte no le Comataidh aig a bheil ùghdarris tiomnaichte bhon Bhòrd; 4) thèid fhoillseachadh a rèir feum ach co-dhiù ro dheireadh na bliadhna ionmhais agus 5) thèid an tuilleadh obrach a dhèanamh air a' Phlana Corporra fhad 's a thathas ag obair air an Lèirsinn. **(DC/EMD)**

## **9 Plana Corporra**

- 9.1 Bha pàipear agus dreach Phlana air beulaibh bhall. Cha deach am pàipear a dheasbad gu foirmeil ged a chaidh deasbad a chumail san fharsaingeachd an lùib puing 8 (Lèirsinn). B' iad seo na puingean a bha sa phàipear a bha air beulaibh bhall:
- 9.2 Nach bi tionndadh deireannach comasach gus am bi Ofcom air gabhail ris a' Phlana Obrachaidh airson 2021-22 agus bidh sinn ann airson coinneimh Màrt 2020.
- 9.3 B' e seo a' chiad Phlana Corporra ioma-bhliadhna fhoirmeil aig MG ALBA agus tha e ri leughadh ann an co-theacsa Lèirsinn 2026 leis an Lèirsinn a' dealbhachadh ceann-uidhe airson nam meadhanan Gàidhlig airson 2026 (5 bliadhna), agus carson a tha sin riatanach agus am Plana Corporra 2021-24 ag innse dè thathas dol a dhèanamh airson na ciad 3 bliadhna den t-slige sin, agus ciamar.
- 9.4 Bidh am Plana Corporra mionaideach airson 2021-22, agus co-ionnan ris a' Phlana Obrachaidh 2021-22, agus airson 2022-23 agus 2023-24 bidh barrachd sùbailteachd ann.
- 9.5 **Co-dhùnadh:** gu lean oifigearan leis an obair le aithne gu robh pìosan fhathast ri chur ris agus an tuilleadh obrach ri dhèanamh air a shruthas às an Lèirsinn.
- 9.6 **Gníomhan:** 1) thèid Ro-innleachd Dhaonna a làimhseachadh le Comataidh ùr nan Cathraichean; 2) thèid KPIs an làimhseachadh tro Chomataidh Shusbaint, Sgilean agus Dhàimhean; 3) bidh pàipearan-taic (appendices) a' nochdadh san dreach deireannach agus 4) bidh e deiseil airson Màrt 2021. **(DC)**

## **10 Plana Obrachaidh 2021/22**

- 10.1 Bha pàipear agus dreach Plana Obrachaidh 2021-22 air beulaibh bhall agus bhruidhinn DC mu dheidhinn.
- 10.2 Gach bliadhna bidh MG ALBA a' cur a-steach Plana Obrachaidh gu Ofcom agus bidh Ofcom ga cheasnachadh. Bidh am Plana a' tilleadh chun Bhùird às dèidh a' cheasnachaidh sin. Tha dùil gun tachair sin sa Mhàrt 2021.

- 10.3 Chomharraich an t-Àrd-Oifigear gu robh am Plana a rèir a' Phlana Corporra a bha aig puing 9.
- 10.4 Chomharraich an t-Àrd-Oifigear, ri linn nach robh poileasaidh an Riaghaltais fhathast foillsichte, gu robh obair fhathast ri dhèanamh air buidseat thuarastal (Paybill). Airson adhbharan planaidh, thathas an-dràsta a' cur air adhart buidseat pàighidhean luchd-obrach airson 2021-22 a rèir poileasaidh pàighidh Riaghaltas na h-Alba airson 2020-21. Ach, nuair a bhios poileasaidh an Riaghaltais airson 2021-22 air fhoillseachadh, feumaidh poileasaidh thuarastail 2021-22 a mholadh agus a dheasbad fa chomhair Comataidh nan Cathraichean agus am Bòrd slàn mus bidh am Plana Obrachaидh 2021-22 aontaichte.
- 10.5 Chomharraich an t-Àrd-Oifigear, a' freagairt ceist, gu robh cosgaisean rianachd a' dol suas an coimeas ris an ath-bhudseatadh airson 2020-21. Ach gum bu chòir cuimhne a chumail gun deach cosgaisean rianachd sìos gu mòr ri linn Covid-19 agus, nuair a thilleadh gnothaichean gu bhith nas fhaisge air mar a bha iad, gum biodh na cosgaisean sin a' tilleadh.
- 10.6 Mhol Cathraiche Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh gum biodh e feumail nam biodh a' chiad bhudseat airson 2020-21 agus an ath-bhudseat airson 2020-21 (ri linn Covid) rim faicinn air taobh a' bhudseit airson 2021-22, gus am biodh e furasta coimeas a dhèanamh eadar bhliadhnaichean àbhaisteach agus an-àbhaisteach.
- 10.7 A thaobh prògraman, chaidh a chomharrachadh gu robh na h-uairean a thìde de shusbaint gu bhith a' dol sìos agus chaidh ceist a chur an e sin an teachdaireachd ceart do luchd maoineachaidh. Chaidh innse, le Stiùiriche Susbaint Ioma-Ùrlar, mar a chaidh a mhìneachadh aig Comataidh Inbhean, gu bheil ro-innleachd BBC ALBA ag amas air a bhith toirt air luchd-coimhid taghadh a dhèanamh airson BBC ALBA, luchd na Gàidhlig gu h-àraig agus luchd-coimhid nàiseanta cuideachd, agus gu bheil an ro-innleachd seo stèidhichte air prògraman de fheabhas as àirde, rud a bhiodh a' ciallachadh barrachd in-ionmhas a chur mu choinneimh cuid de phrògraman. Às aonais maoin a bharrachd bhiodh sin a' ciallachadh nas lugha de dh'uairean a thìde. Tha seo stèidhichte air fianais mu chleachdaidhean luchd-coimhid.
- 10.8 Rinn an Stiùiriche Susbaint Ioma-Ùrlar mìneachadh air na diofar ghnèithean a bha san amhairc.
- 10.9 An luib na puingean eile a chaidh a thogail le buill, bha:
- gum biodh e feumail sealltainn dè iad na stuthan a bhathas a' cur mu choinneimh BBC ALBA agus dè iad a bha gu bhith air an sgaoileadh ann an dòighean eile;
  - gu robh feum meòrachadh air na facail a bha ag amas air obraichean ùra seasmhach;
  - a thaobh na KPIs airson YouTube, an e an àireamh de dhaoine clàraichte no an àireamh de sheallaidhean a b' fheumaile;

- a dhèanamh nas soilleir gu robhas ag amas air, agus a' brosnachadh, luchd-solar ùr airson coimseanadh ioma-ùrlair agus airson stuthan ann an riochd goirid;
- gum biodh e feumail rudeigin a ràdh mun t-suidheachadh an-àbhaisteach anns a bheil ar luchd-cleachdaidh, gus aithne a thoirt air an t-aonranas agus na dùbhlain slàinte inntinn a bhathas a' fulang san dùthaich agus Am measg luchd-obrach;
- gum biodh e feumail suathadh air ciamar a b' urrainn MG ALBA a bhith mar inneal faochedh agus ath-bheothachaидh mu choinneimh na duilgheadasan a tha gu h-àraid aig roinnean eaconamach, cultural agus ciùil an-dràsta.

10.10 Chomharaidh Stiùiriche Susbaint Ioma-Ùrlar, gu robhas a' moladh £1m a chur mu choinneimh dràma. Chaidh innse gu robh seo nas mothà na bha am Bòrd ag amas air, aig coinneimh a' Bhùird san Ògmhios 2019:

*Gearradh bhon gheàrr-chunntas 10/6/19, mar fhiosrachadh:*

8.31

Chaidh moladh leis a' Bhòrd, agus chaidh aontachadh leotha, gu robhas ag iarraidh air oifigearan –nuair a bha a' chùmhnant a tha ann an dràsta air crìoch a ruighinn -dràma a libhrigeadh airson BBC ALBA thairis air 3 bliadhna, le luach co-dhiù £1.5m gach bliadhna. Bhiodh am Bòrd deònach £0.5m de dh'airgead MG ALBA a chur ris gach bliadhna airson 3 bliadhna (£1.5m gu h-iomlan) agus thigeadh an còrr (£1m gach bliadhna, no £3m thairis air 3 bliadhna) bho bhuidhnean eile.

8.32

Bha am Bòrd ag aithneachadh gum biodh seo dùbhlanch agus thòisicheadh an obair an dràsta.

10.11 Chaidh innse ged a tha ùidh aig Alba Chruthachail sna molaidhean a tha air tighinn air adhart gu bheil còmhraidhean fhathast a' dol agus cha robh cinnt ann gun tigeadh airgead bhuapa.

10.12 A dh'aindeoin a' mhì-chinnt sin mu airgead eile, mhìnich an Stiùiriche Susbaint Ioma-Ùrlar gu robhas fhathast airson a dhol air adhart le bhith a' coimseanadh dràma agus gu robhas a' moladh £1m a chur mu choinneimh sin.

10.13 Chaidh innse gu bheileas air dà bheachd uabhasach math fhaighinn agus gu bheil obair leasachaidh dha dhèanamh orra agus gum bi co-dhùnaidhean a thaobh coimeasnadh dha dhèanamh san aithghearrachd.

10.14 Chaidh innse gu robh an t-airgead a bhiodh a dhìth nas mothà na bha am Bòrd ag amas air, aig coinneimh a' Bhùird san Ògmhios 2019.

10.15 Mhol an Cathraiche, ri linn an atharrachaidh a bhiodh sin a' ciallachadh do rùn a' Bhùird agus a dleastanas a bha gu bhith a' tuiteam air a' Chomataidh ùir Susbaint, Sgillean agus

Dhàimhean, gun tigeadh seo air beulaibh na Chomataidh sin an toiseach, le fiosrachadh iomlan, adhbharan agus moladh, agus gun cuireadh a' Chomataidh moladh chun bhùird.

- 10.16 **Co-dhùnadh:** Bha buill riaraichte san fharsaingeachd ach le dùil gun tèid na h-atharraichean gu h-àrd an cuir an cèill.
- 10.17 **Gníomhan:** 1) thèid an ath dhreachd a chuir gu buill air no ro 11/12/20 agus mura cluinnear an còrr air no ro 18/12/20 thèid a chur gu Ofcom ron Nollaig; 2) thèid ceistean Ofcom a fhreagairt san Fhaoilleach agus/no sa Ghearran 2021; 3) thèid ceistean sam bith a tha Ofcom a' togail an lùib phàipearan nan Comataidhean a tha gu bhith a' làimhseachadh am Plana Corporra 2021-24; 4) thèid tionndadh deireannach a chur air beulaibh a' Bhùird sa Mhàrt 2021 (DC) agus 5) thèid coinneamh Comataidh Shusbaint, Sgilean agus Dhàimhean a ghairm san ùine ghoirid air thoiseach gus a' phuing mu Dràma (10.15) a làimhseachadh. (MAMI)

## **Latha 2**

Bha Simon Pitts, Ceannard STV, an lathair gus taisbeanach a thoirt seachadh air STV. Thug an Cathraiche fàilte bhlàth agus lean taisbeanadh agus deasbad.

## **11 Plana luchd-ùidhe**

- 11.1 Bha pàipear, ro-innleachd, plana gnìomh agus dreach litrichean air beulaibh bhall a' cur an cèill na prìomh mhodhan airson amasan an Lèirsinn agus am Plana Corporra, a thaobh maoin agus na prìomh luchd-ùidh, a choileanadh agus bhruidhinn ED mu dheidhinn. Chaidh na leanas a chomharrachadh:
- 11.2 Sgrìobhaidh an Cathraiche gu Rùnaire na Staite DCMS, a' cur na meadhanan Gàidhlig fa chomhair ann an co-theacs a' Chìs Chraolaidh agus ag iarraidh gun cur MG ALBA plana thuige air no ro an 26/2/2021 mar a chaidh iarraidh air a' BhBC agus S4C.
- 11.3 Thèid litir gu cathraiche am Panal PSB aig DCMS a' tabhann eòlas nam meadhanan Gàidhlig.
- 11.4 Thèid litir gu Ministear airson Dìseatach agus Dàta, le fios mu na litrichean gu h-àrd agus a' tabhann cothrom còmhchradh.
- 11.5 Chaidh moladh a bhith mothachail air cothroman coiteachaidh ann an Lunnainn le buill Chomataidh Thaghte DCMS, buill Chomataidh Chùisean Albannach agus oifigearan PACT.
- 11.6 Chaidh faighneachd an robhas a' gabhail cothrom air ceanglaichean a thogail le Comataidhean Pàrlamaid na h-Alba. Bha ceist ann an robh Comataidh Cultar, Turasachd, Roinn-Eòrpa agus Chùisean Thaoibh A-muigh a' còmhdaich craoladh ann an dòigh iomlan. Chaidh innse gu bheil am Pàrlamaid a' coimhead ri structar nan Comataidhean an-dràsta, agus gun deigheadh ar ceist a chur an-cèill san àite cheart.

- 11.7 Chaidh aontachadh gun deigheadh smaointinn mu na ceistean agus na molaidhean sin uile sa phlana dhàimhean a bha air thoiseach oirnn.
- 11.8 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte leis an ro-innleachd, plana gniomh agus na litrichean.
- 11.9 **Gniomhan:** 1) thèid freagairtean nan litrichean a chuaireachadh air buill; 2) thèid fòcas a chur air DCMS a bhrosnachadh gus feumalachdan nam meadhanan Gàidhlig a chuir a-steach don “Licence Fee settlement” ùr; 3) leanaidh/tòisichidh còmhraidhean leothonan a dh’fhaodadh a bhith nan taic a thaobh PSB, nan luib buill nan Comataidhean Taghte, panal PSB, S4C, STV, PACT; agus 4) thèid aithisg a chuaireachadh air a’ bhòrd tro ph-d nuair a bhios adhartas ann le còmhraidhean mu structar Chomataidhean Pàrlamaid na h-Alba. ([ED](#))

## **12. Dleastanasan nan Comataidhean**

- 12.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a’ moladh (a) ainm agus dleastanas ùr airson Comataidh Inbhean, (b) soilleireachadh ann an dleastanas Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidd agus (c) ainm agus dleastanas ùr airson Comataidh Ainmeachaidd. Bha seo a’ leantainn ann am pàirt comhairle Wylie & Bisset a chaidh fhastadh airson molaidhean a chur air adhart, agus ann am pàirt molaidhean nam ball fhèin.
- 12.2 Bha am pàipear a’ moladh trì chomataidhean: Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidd; Comataidh Shusbaint, Sgilean agus Dhàimhean agus Comataidh nan Cathraichean
- 12.3 Chaidh a chomharrachadh nach robh feum air beannachd bho Ofcom, ach gun biodh iad fiosraichte.
- 12.4 Chaidh a chomharrachadh nach robh feum air seo a dhol air ais gu Comataidhean airson aonta, ach gur e a’ phriomh phuing aig an ath choinneimh de gach Comataidh an riochd sgrìobhte, foirmeil den dleastanas, gus am bi e clàraichte agus comharrachte aig a’ Chomataidh agus comasach fhoillseachadh air an làrach-lìn.
- 12.5 **Co-dhùnadh:** dh'aontaich buill ri na molaidhean uile.
- 12.6 **Gniomhan:** 1) thèid an riochd oifigeil sgrìobhte den dleastanas airson gach Comataidh air beulaibh gach Comataidh airson gabhail ris mar chomataidh agus thèid am foillseachadh air làrach-lìn na buidhne; 2) thèid clàr-obrach ullachadh airson gach Comataidh; 3) thèid pròiseas sgrìobhte a chumail leis a’ Bhòrd às dèidh sin (sa Ghearran) le atharrachaidhean airson na Gnàth Riaghailtean, Sgeama Tiomnachaidh & Rianachd agus na Riaghailtean Ionmhasail. ([MAMI/DC](#))

**13. Aithisg Bhliadhnailean Slàinte & Sàbhailteachd 2019/20 gu Dàmhair 2020**

- 13.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh gum bi am Bòrd a' beachdachadh gach bliadhna air aithisg bhliadhnailean Slàinte is Sàbhailteachd, agus gu robh e na uallach reachdail gun tèid an aithisg chun a' Bhùird gus am bi am Bòrd fiosraichte agus comasach leasachaidhean iomchaidh a chur an gnìomh.
- 13.2 Chaidh innse gun deach an aithisg air beulaibh Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaileidh air 3/11/20.
- 13.3 Chaidh innse gu bheil an aithisg bhliadhnailean a' dearbhadh gu bheil MG ALBA a' coileanadh dleastanasan a thaobh riaghailtean *Health and Safety at Work Act 1974*, a' dearbhadh gu bheil an t-àite-obrach sàbhailte agus gu bheil a h-uile cunnart a tha ann air a lùghdachadh mar bu chòir.
- 13.4 Chaidh taing a' bhùird a bhuileachadh air oifigearan airson an cuid obrach a thaobh slàinte agus sàbhailteachd.
- 13.5 **Co-dhùnadh:** Bha buill riaraichte agus chaidh an aithisg a chomharrachadh.

**14. Fèin mheasadh nam Ball**

- 14.1 Bha pàipear agus dreach foirm Fèin mheasadh nam Ball air beulaibh bhall agus bhruidhinn an t-Àrd-Oifigear mu dheidhinn.
- 14.2 **Co-dhùnadh:** Dh'aontaich buill ris am foirm
- 14.3 **Gníomhan:** 1) thèid na formaichean a chuaireachadh air buill agus lìonaidh gach ball iad agus thèid measadh dhìomhair a chumail eadar an neach agus gach ball; 2) thèid na foirmichean a chumail air faidhle didseatach nach eil comas fhaicinn ach leis am ball, an Cathraiche, an Comhairleachaidh HR agus an Rùnaire; 2) thèid ceisteachan Survey Monkey a chuaireachadh an dèidh gach coinneamh gus cultar de leasachadh cunbalach a bhrosnachadh. (**MAMI/AMD**)

**15. Poileasaidhean dhaonna**

- 14.4 Bha pàipear agus cùl fhiosrachadh air beulaibh bhall agus bhruidhinn an t-Àrd-Oifigear mu dheidhinn.
- 14.5 Chaidh innse gu bheil suidheachadh Covid-19 air innse gu bheil e a-nis comasach mòran obrach a choileanadh bhon dachaigh a bha roimhe riatanach a dhèanamh san oifis. Airson mòran bhuidhnean, tha cothrom aca a-nis a bhith ag atharrachadh am feum a tha iad a' dèanamh air oifisean agus cuideachd a bhith ag amas air na h-obraichean aca a sgaoileadh

ann an coimhearsnachdan agus gu bheil cuid de bhuidhnean mar-thà air co-dhùnaidhean a ruighinn.

- 15.1 Às dèidh deasbaid aig ìre Sgioba Àrd-Stiùiridh agus Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh bha aonta ann gur ann nuair a bha MG ALBA a' tilleadh gu rudeigin faisg air an àbhaist ùir a bu chòir co-dhùnaidhean a ruighinn.
- 15.2 Chaidh a chomharrachadh le gu robh e uabhasach cudromach gun deigheadh coimhead ri
- na h-uallaichean slàinte agus sàbhailteachd a bhiodh aig a' bhuidheann airson daoine a bhios ag obair bhon taigh;
  - gu robh frèam-obrach measadh co-ionnanachd aig MG ALBA (equalities impact assessment framework) nam biodh sinn a' smaoineachadh air cùmhnantan agus poileasaidhean fastaidh agus obrachadh-shùbailte atharrachadh;
  - gum biodh e feumail gluasad air adhart le planadh thogalaichean, a' cunntais Studio Alba a bha air "campus" nam Meadhanan Gàidhlig ach nach robh ach ainneimh air a chur gu feum.
- 15.3 Chaidh innse cuideachd gu robh robhas air co-dhùnadh nach pàigh MG ALBA suim àraid gach seachdain no gach mìos don fheadhainn a dh'fheumas a bhith ag obair bhon taigh tro Covid, ach gu faod luchd-obrach cunntas a chur a-steach (expenses claim) airson cosgaisean a bharrachd.
- 15.4 **Co-dhùnadh:** 1) thèid conaltradh a dhèanamh le luchd-obrach gus am bi a h-uile neach comasach air pàirt a ghabhail ann a bhith a' dealbhachadh an t-slighe air adhart; 2) thèid poileasaidhean fastaidh agus obrachadh shùbailte ùrachadh aig àm gluasad air ais gu oifisean, gus nach bi co-dhùnaidhean gan gabhail aig àm cho an-àbhaisteach; agus 3) bidh an dà phoileasaidh a' coimhead air ciamar a bhios e comasach obraichean MG ALBA a sgaoileadh ach cuideachd ciamar a bhios e comasach do luchd-obrach an fheum as fheàrr a dhèanamh de mhodail mheasgachte (blended model), far am faod daoine barrachd a dhèanamh bhon taigh agus a bhith a' cleachdadadh na oifisean ann an dòighean ùra.
- 15.5 **Gníomhan:** 1) thig pàipear deasbaid (a' gabhail a-steach estate management) a chuir fa chomhair bhall aig coinneimh a' Mhàirt no Ògmhios 2021; 2) thèid gluasad le oifigearan air Frèam-obrach measadh cho-ionannachd (Equalities Impact Assessment Framework).

**(DC/MAMI)**

**16. Seanail neo-eisimileach**

- 16.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt mion-fhiosrachadh air na roghainnean a tha rim faighinn airson sgaoileadh ioma-ùrlair ma thèid MG ALBA sìos an rathad airson seanail neo-eisimeileach a ruith agus chaidh deasbad a chumail.
- 16.2 Chaidh am pàipear a chomharrachadh.
- 16.3 Chaidh còmhchradh ghoirid a chumail mun chomas a dh'fhaodadh a bhith ann airson tasglann phrògraman air chur air bhog le MG ALBA, mar eisimpleir air YouTube, nam b' e sin miann na buidhne.
- 16.4 **Gníomhan:** thig a' chuspair seo air beulaibh a' bhùird gu susbainteach sa Mhàirt 2021 airson measadh ionlan a dhèanamh air mar an dàrna roghainn ro-innleachdail aig MG ALBA.  
**(NMG/UM)**

## 17 GISBE

- 17.1 SpeakGaelic – le Cunntasair MG ALBA a-nise a' manaidseadh a' phròiseict, chaidh innse:
- Branding: cùmhnant air aontachadh;
  - Stuthan nam Meadhanan: cuairt coimiseanadh dìreach air dùnadh;
  - Làrach-lin: cuireadh gu tagradh a-muigh gu sanas an-dràsta;
  - Stuthan teagascg: a' tighinn gu aonta le SMO agus
  - Margaidheachd: ag ullachadh plana gus taic nàiseanta fhaighinn
- 17.2 A thaobh clàr-ama SpeakGaelic, bidh stuthan rin libhrigeadh ro dheireadh na bliadhna ionmhais le dùil Ire A1 a chuir air bhog san t-Sultain 2021 ann an iomairt co-òrdanaichte a' togail taic bho thòrr companaidhean agus daoine, an dà chuid airgead agus contributions in kind bho bhuidhnean eile gus a bheil iomairt nàiseanta ann am program a thaisbeanadh.
- 17.3 Thèid conaltradh a thaobh SpeakGaelic a dhèanamh leis a' phobaill gu nàiseanta agus le buidhnean, nam measg iadsan aig am bheil planaichean Gàidhlig agus aig an aon àm còmhraidhean le ughdarrasan ionadail a thaobh càrsachean aig ire coimhairsnachd
- 17.4 Chaidh innse gum biodh ro-shealladh de Òrain Ghàidhlig Beethoven ann air 30/11/20 ann an co-nbrachadh le oifis Ghearmaitich Riaghaltais na h-Alba, agus gun deigheadh cuireadh a thoirt do bhuill. **(MMS)**
- 17.5 Chaidh a' chlàr choinneamhan/deitichean airson 2021 aontachadh agus thèid an cuir dha na leabhraichean-là. **(MAMI)**

## 18 Deit na h-ath choinneimh – 10 agus 11/3/21

Ainm sgrìobhete a' chathraiche:

Deit: